



Tha am fear-ealain Keith Salmon, a bhuannaich iomadh duais, a' pòsadh dà mhiann anns an obair aige – a' coiseachd sna beanntan agus a' peantadh sealladh na tìre. 'S e gun do chaill e cha mhòr am fradharc air fad aige bho chionn 20 bliadhna a tha ga dhèanamh sònraichte.



1

# Sealladh car diofraichte

Tha e doirbh dhomhsa na dealbhan agam a mhineachadh. Tha iad stèidhichte air an t-sealladh-tìre, gu sònraichte sealladh-tìre na h-Alba, ach chan ann traidiseanta is a tha iad.

'S ann a-mach à feumalachd a tha an obair a ni mi a-nis ag èirigh, mar thoradh air 20 bliadhna de dheuchainn agus atharrachadh às dèidh dhomh diabetic retinopathy fhulang a dh'adhbharaich gun do chaill mi a' chuid as motha dhen fhradharc agam tràth anns na 1990an.

A dh'aindeoin nan duilgheadasan seo, bhuannaich mo chuid obrach Duais Jolomo airson Peantadh Sealladh-tìre na h-Alba am-bliadhna. Agus beagan na bu tràithe na sin, fhuair mi cuireadh bho SNH feadhainn de na dealbhan agam a thaisbeanadh aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, prìomh oifis na buidhne sin, ann an Inbhir Nis.

Anns an taisbeanadh bha taghadh de 25 dealbhan air a bhrosnachadh le àiteachan cho sgapte ri Shalloch on Minnoch ann an Siorrachd Air, agus na mullaich bhrèagha ann an ceann an iar-thuath na h-Alba – An Cùl Mòr, Suil-bheinn agus a' Chuinneag. Tha na dealbhan seo stèidhichte air na dh'fhiosraich mi fhad 's a bha mi a' coiseachd is a' streap anns na h-àiteachan seo.

Anns na bliadhnaichean às dèidh dhan fhradharc agam a dhol am mìosad, dh'fheuch mi a h-uile seòrsa dòigh-obrach ach mean air mhean thionndaidh mi gu bhith a' sliobadh gu mòr, gu leathann leis a' bhruis-pheantaidh. Chruthaich mi dealbhan a bha caran easchruthach, stèidhichte air an tìr bhaileil is sgìreil timcheall air Irbhinn far a bheil mi a' fuireach a-nis.

Bha mi riamh cho measail air dealbhan a tharraing agus bha mi ga ionndrainn gu mòr. An uair sin thàinig e a-steach orm gum b' urrainn dhomh gu leòr fhaicinn airson a bhith a' sgròbhaireachd – chan fheum làn fhradharc a bhith agad airson sin. Thòisich mi ag obair air 'sgròbhaireachd fo rian' mar a bha mi ga mhineachadh do dhaoine eile. Thèid na dealbhan seo a chruthachadh bho ghrunn shreathan de loidhnichean pastail a' tòiseachadh le dathan agus tònachan soilleir a tha, beag air bheag, a' fàs nas dorcha. Bhon tùs seo, bidh mi a' tarraing iomhaighean neo-shoilleir fhad 's a tha na dealbhan a' tighinn air adhart.

Bha mi riarichte leis na dealbhan seo, ach aig an àm cha robh fòcas agam, cha robh mi a' leantainn rathad sònraichte. An uair sin, is mi a' coiseachd còmhla ri caraaid aon latha, thàinig e a-steach orm gum bu choir dhomh fòcas a chur air seo.





'S ann a thaobh pàtrain, solais, dubhair agus datha is a chì mi sealladh na tìre.

Bha mi riamh a' coiseachd is a' streap anns na beanntan. Bha m' athair gu math measail air sin agus 's ann còmhla ris-san a chur mi eòlas air na beanntan nuair a ghluais sinn dhan Chuimrigh ann an 1969. Bhon uair sin, cha do chuir mi mo chùl ris na beanntan idir.

Thar nam bliadhna, tha mi air a' chuid a bu mhotha de phrìomh bheanntan na Cuimrigh a shiubhail. Ach b' e Alba a bha gam ghlacadh; gu dearbh, às dèidh saor-làithean a ghabhail an sin grunn thursan, ghluais mi gu tuath mu dheireadh thall.

Bha am fradharc agam gu math dona a-nis agus bha e gu math doirbh dhomh a bhith a' coiseachd air slighean garbh agus talamh fhosgailte. Bha mi air bat' a cheannaich dhomh fhèin agus dh'ionnsaich Anita, mo chèile, a bhith gam threòrachadh, ach bha misneachd a dhith orm fhathast.

'S ann a thaobh pàtrain, solais, dubhair agus datha is a chì mi sealladh na tìre.

## Cùrsa a thog inntinn

Ann an 2001, ge-tà, chuala mi mu dheidhinn cùrsa iongantach a bha ga ruith le Comhairle Streapadaireachd na h-Alba, aig Loidse a' Ghlinne Mhòir, faisg air an Agaidh Mhòr. Chuir mi m' ainm sìos airson a' chùrsa 'Sgilean streapadaireachd do dhaoine le duilgheadasan fradharc' a dhèanamh, agus b' e sin aon de na co-dhùnaidhean a bu chudromaiche a rinn mi riamh.

Chan e a-mhàin gun do dh'ionnsaich mi an t-uabhas bhon chùrsa, ach thug e cothrom dhomh coinneachadh ri daoine eile san aon suidheachadh a bha, mar mi fhèin, airson cothrom fhaighinn fhathast air àiteachan garbh is iomallach na h-Alba is na RA. Fhuair mi brosnachadh cho mòr bhon chùrsa seo is a thòisich mi a' dol a-mach fada na bu trice, a' falbh còmhla ri coisichean fìor eòlach agus a' toirt ionnsaigh air beanntan a smaoinich mi a bhiodh thar mo chomais gu brath tuilleadh.

Nuair a thòisich mi air dealbhan a chruthachadh a bha stèidhichte air na cuairtean a ghabh mi ann am beanntan na h-Alba bha mi a' feuchainn ri bhith ag obair ann an dòigh a bha an ìre mhath traidiseanta. Ach cha robh na dealbhan soirbheachail. Bha mi a' cleachdadh mheudaichearan airson na bha mi a' peantadh fhaicinn, agus, a bharrachd air sin, cha robh na dealbhan idir ceangailte ri mar a fhiosraich mi na beanntan.

Chì mi glè bheag a tha mionaideach is mi a-muigh. 'S ann a thaobh pàtrain, solais, dubhair agus datha is a chì mi sealladh na tìre. Bhuail e orm gu grad gun robh na dealbhan, an 'sgròbhaireachd fo rian' sin, a' tabhann dòigh fada na b'

1  
Air Cnocan Luis, tràth  
sa Mhàirt.

2  
Auch Gleann agus  
Beinn Mhanach,  
Samhain.

3  
Dlùthachadh fras de  
shneachda,  
Gàidhealtachd na  
h-Alba.



fheàrr na dh'fhiosraich mi air na beanntan a riochdachadh. Thug mi seo air adhart na b' fhaide gus an do thòisich mi a' measgachadh peant agus pastal, a' cur ris na dealbhan ann an sreathan.

## Stoidhle Eascruthach

Tha mi air beagan bhliadhnaichean a chur seachad a' leasachadh na dòigh-obrach car annasach seo is tha e fhathast ag atharrachadh. Anns na dealbhan as ùire agam, stèidhichte air cuairtean a ghabh sinn ann an cnòcan Druim Uachdair, dh'fheuch mi ri farsaingeachd nan comharraidhean anns a' pheantadh agam a leudachadh is a leasachadh. Thòisich mi air taghadh mòr de pheant a chleachdadh, an dà chuid acriolaicean nas tighe, nas truime cho math ri bhith a' measgachadh acriolaic nas luime, nas fliche. Tha na dealbhan seo a' fàs nas dana agus ma dh'fhaoidte a' claonadh ri easchruthach. 'S e an fheadhainn as fheàrr iadsan a tha ag obair air an dà ìre – gheibhear tlachd àsta mar sheallaidhean-

tire agus aig ìre fìor mhothachail, cha mhòr easchruthach cuideachd.

On a rinn mi cùrsa a' Ghlinne Mhòir ann an 2001, tha Anita is mi fhèin air iomadh beinn ann an Alba a streap, beag is mòr. Thadhail sinn air gleanntan is mullaichean garbh is iomallach, anns gach seòrsa aimsir anns gach ràith den bhliadhna. Doilleir is a tha mo fhradharc, 's e sealladh-tìre anabarrach brèagha a tha seo. Anns na dealbhan agam, bidh mi a' feuchainn ri beagan de na h-àiteachan iongantach seo a ghlacadh, beagan den mheudachd, den ioma-fhillteachd is den bhòidhchead. Ma thèid agam air seo a thoirt gu buil, 's e dealbh miorbhaileach dha-rìreabh a bhios ann. Chun an uair sin, tha coiseachd is peantadh gu leòr ri dhèanamh.

Airson barrachd obrach fhaicinn is fiosrachadh fhaighinn mu thaisbeanaidhean san àm ri teachd, tadhalaibh air an làraich-lìn agam [www.keithsalmon.org](http://www.keithsalmon.org)